



## **Seachdain na Gàidhlig 2024**

***Do chànan. Do chothrom.***

### **Pacaid trusaidh: Riochdaire rianachd – Seachdain na Gàidhlig 2024**

#### **Cùl-eòlas**

Le taic o Bhòrd na Gàidhlig, bidh Hands Up for Trad a' libhrigeadh is a' toirt seachad **Seachdain na Gàidhlig 2024**, iomairt a bheir cruinn luchd-ùidhe, com-pàirtichean, na naidheachdan, sgoiltean, luchd-brìgh nam meadhanan sòisealta, luchd-èisteachd agus coimhearsnachdan o fheadh an t-saoghail a chomharradh na Gàidhlig. Bidh lìonra de ghnìomhachdan co-òrdanaichte an lùib **Seachdain na Gàidhlig** air feadh na h-Alba agus thall thairis eadar **19mh is 24mh dhen Ghearran 2024** agus sna seachdainean roimhe sin agus an uair sin ùine luachaidh 's aithrisidh tron Mhàrt 2024.

Coltach ri Seachdain na Gaeilge ann an Èirinn agus Mìos nan Gàidheal ann an Ceap Breatainn, tha **Seachdain na Gàidhlig** na fhèill ion-ghabhalach agus ioma-nàdarrach de chànan is cultar na Gàidhlig agus tha an aon lèirsinn againn 's a th' aig Bòrd na Gàidhlig gun cluinnear is gum faicear a' Ghàidhlig gach latha mar phàirt dhaingeann de dh'Alba agus gu bheilear ga h-aideachadh mar shochair chultarach, shòisealta is eaconamach nàiseanta. A bharrachd air sin, cuiridh sinn gu feum na trì prìomhachasan ro-innleachdail aig Bòrd na Gàidhlig mar chlachan-bunait ann am plana pròiseict **Seachdain na Gàidhlig 2024**:

- 1. gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' toirt buannachd aiste aig obair, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd.*
- 2. gum bi cothroman do dhaoine cur ris na sgilean Gàidhlig aca aig aois sam bith air leudachadh agus nas ruigsinniche.*
- 3. gum bi barrachd dhaoine ann an Alba deimhinneach mu chànan is mu chultar na Gàidhlig.*

'S e am prìomh amas againn ann an 2024 gum bi riochdachadh aig *gach aon* dhen 32 ùghdarras ionadail ann an **Seachdain na Gàidhlig**, a' dearbhadh gu bheil luach is buannachd sa Ghàidhlig dhuinn uile san àite-obrach, aig an taigh agus sa choimhearsnachd. Bidh feum air iomairtean targaidichte agus eadar-dhealaichte a-rèir deamografachd an àite, ach tha sinn làn-dòchas gur e seo an dòigh as soirbheachaile airson Gàidhlig a sgaoileadh agus/no a' neartachadh air feadh na h-Alba. Tha sinn an dealas na cnapan-starra fiosaigeach is faireachail a thoirt air falbh a chumadh daoine o bhith a' gabhail pàirt ann an **Seachdain na Gàidhlig 2024** le bhith a' toirt seachad pròiseact ghlacmhor is so-ruigsinneach a chòrdas ri raon farsaing de dhaoine, coimhearsnachdan, buidhnean, gnìomhachasan, comhairlean is com-pàirtichean.

Gabhaidh an t-seachdain seo a-staigh:

Prògram oifigeach de thachartasan a thèid a mhaoineachadh le sgeama maoin nan tabhartasan beaga 2024 a chumas taic ri prògram de thachartasan ionadail. Gheibh iad seo làn-taic ar stòras de ghoireasan a bheir comas do bhuidhnean coimhearsnachd, ùghdarrasan ionadail, sgoiltean, leabharlannan is iomadh buidheann eile pàirt a ghabhail aig ìre na coimhearsnachd.

Prògram biortail de thachartasan foghlaim le an dà chuid oileanaich FTMG is FTMB an sàs ann. Gheibh iad seo taic (ann an com-pàirteachas le Twinkl) o na planadairean foghlaim againn, le gnìomhachdan is goireasan a mholamaid do dh'oileanaich a th' airson pàirt a ghabhail ann an Seachdain na Gàidhlig. Tha iad seo ag amas an dà chuid air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (bun-sgoil agus àrd-sgoil) agus Foghlam tro Mheadhan na Beurla (bun-sgoil agus àrd-sgoil) agus tha iad ri làimh theaghlaichean, bhuidhnean coimhearsnachd is dhaoine fa leth air an làrach-lìn againn.

## Geàrr-chunntas an dreuchd an riochdaire rianachd

Seo cothrom air leth do riochdaire rianachd làn-brosnachaidh **Seachdain na Gàidhlig 2024** a stiùireadh, a cho-dhealbhadh agus a libhrigeadh. Bidh an tagraiche soirbheachail ag obair gu dlùth ri Joy Dunlop (stiùiriche **Seachdain na Gàidhlig**) is cuiridh iad gu feum raon farsaing de sgilean ceannardais, cruthachalachd, rianachd is conaltraidh airson **Seachdain na Gàidhlig** a chur air adhart ann an 2024.

## Uallaichean

1. Uallach stiùireadh a' phròiseict san fharsaingeachd, aig ceann libhrigeadh **Seachdain na Gàidhlig**, le taic an stiùiriche, ag obair còmhla ri com-pàirtichean is buidhnean aig ìre àrd slighe buidhnean coimhearsnachd is daoine fa leth.
2. A' leasachadh is a' glèidheadh dàimhean co-obrachail le luchd-ùidhe stèidhichte agus a' stèidheachadh dàimhean le buidhnean is ùghdarrasan ionadail is msaa. a ghabhas pàirt, a dhèanamh cinnteach gun gabh gach aon dhen 32 ùghdarras ionadail pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig 2024.
3. Prògram biortail de thachartasan foghlaim a dhèanamh comasach an dà chuid le oileanaich FTMG is FTMB an sàs ann. Ath-nuadhachadh (ann an com-pàirteachas le Twinkl) nam planadairean foghlaim againn, le gnìomhachdan is goireasan a

mholamaid do dh'oileanaich a th' airson pàirt a ghabhail ann an Seachdain na Gàidhlig.

4. Obair còmhla ris an rianaire airson conaltradh ri sgoiltean is colaistean air feadh na h-Alba a stèidheachadh is a chumail a' dol, a' toirt dhaibh fiosrachadh mu **Seachdain na Gàidhlig** airson an t-àladh gu com-pàirteachas.
5. Obair ri taobh manaidsear nan tabhartasan beaga againn is gan cuideachadh le obrachadh na h-iomairt rè **Seachdain na Gàidhlig 2024**.
6. Thig iad gu coinneamhan cunbhalach ma thèid seo iarraidh orra is bheir iad fiosrachadh mun adhartas gu sgioba Hands Up for Trad gach seachdain.
7. A' cuideachadh is a' lìbhrigeadh gnìomhachdan margaidheachd is leasachadh luchd-èisteachd Seachdain na Gàidhlig, a' gabhail a-staigh lìbhrigeadh nan iomairtean digiteach ma thèid seo iarraidh orra le Innes and Campbell Communications.
8. Cleachdaidh iad teicneolas digiteach airson meudachadh an luchd-èisteachd is gabhaidh seo a-staigh ùrachadh is glèidheadh na làraich-lìn agus gach ùrlar sna lìonraidhean sòisealta mar a dh'iarrar orra.
9. A bhith ag ceann, a' stiùireadh is a' sgrìobhadh gach aithisg is sgrìobhainn luachaidh, a' gabhail a-staigh dealbhadh is cruinneachadh de dhàta càileachdail is meudachdail a dh'fheumas an luchd-maoineachaidh againn, Bòrd na Gàidhlig.

## Eòlas is sgilean

1. B' fheàrr cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig agus aig a bheil sgilean bruidhinn is sgrìobhaidh air leth san dà chànan.
2. Bidh e follaiseach gu bheil sior dhealas aca do **Sheachdain na Gàidhlig** agus gun dèilig iad ris an obair air dòigh chruthachail fhiosraichte.
3. Sàr sgilean eadar-phearsanta co-sheasmhach mu choinneamh raon farsaing de chom-pàirtichean a dh'fhaodadh a bhith againn, a' gabhail a-staigh sgoiltean.
4. Comas a bhith aig ceann agus a bhith a' co-obrachadh le sgioba beag agus a bhith ag obair air dòigh fhor-ghnìomhach is shùbailte, gu tric le cinn-ama ghoirid.
5. Deagh eòlas air teicneolas digiteach agus mar a chleachdar e ann an leasachadh margaidheachd, phròiseactan is luchd-èisteachd.
6. Sgilean fìor mhath ann am planadh is stiùireadh agus brod nan sgilean IT.
7. Eòlas ann an stiùireadh pròiseactan le iomairtean iom-fhillte le iomadh neach-ùidhe na lùib

## Fiosrachadh mun obair

Tìotal: Riochdaire rianachd

Ìochdaran aig: an stiùiriche

Prìomh dhàimhean: An stiùiriche, manaidsear nan tabhartasan beaga, cuidiche for-ruigheachd rianachd/foghlaim (agus am manaidsear leasachaidh is stiùiriche cruthachail aig Hands Up for Trad)

Seòrsa a' chùmhnaidh: Air do cheann fhèin

Àite-obrach: On taigh

Tuarastal: £8,000

*Sgeideal pàighidh a tha fa-near  
(stèidhichte air 320 uair a thìde @ £25.00)  
An t-Samhain – 20 uair a thìde – £500  
An Dùbhlachd – 60 uair a thìde – £1,500  
Am Faoilleach – 80 uair a thìde – £2,000  
An Gearran – 80 uair a thìde – £2000  
Am Màrt – 60 uair a thìde – £1,500  
An Giblean – 20 uair a thìde – £500*

## **Prìomh chinn-là**

Toiseach: 27mh dhen t-Samhain 2023

Làn-làithean obrach dhan phròiseact a-mhàin: Eadar an 19mh is an 24mh dhen Ghearran 2024

Luachadh: Ri chur sa Mhàrt 2024

## **Mar a chuireas tu tagradh thugainn**

Cuir lethbhreac dhen CV as ùire agad agus 2 lethbhreac de litir taice (suas ri 500 facal, an dàrna tè ann an Gàidhlig agus an tè eile ann am Beurla) gu shona@seachdainnagaidhlig.scot  
Bu chòir dha na leanas a bhith san litir taice agad:

1. Dè mu dheidhinn **Seachdain na Gàidhlig** a tharraing d' ùidh agus carson a tha am pròiseact seo cudromach nad bheachd-sa?
2. Dè na sgilean a th' agad a chuireadh ri **Seachdain na Gàidhlig** a rèir tuairisgeul an dreuchd a chunnaic thu gu h-àrd?
3. Dè chanadh tusa ri sgoiltean airson am brosnachadh gu com-pàirteachas ann an **Seachdain na Gàidhlig**?

Ceann-ama nan tagraidhean – Dihaoine 17mh dhen t-Samhain 2023

Agallamhan air loidhne – an t-seachdain a' tòiseachadh 20mh dhen t-Samhain 2023.

**Le taic bho**

